




beatha  
le  
buaidh

as  
na  
m  
a



Kelly Holmes

13  
a

ATTAPO

Kelly Holmes

**beatha le  
buaidh**



Air fhoillseachadh ann an 2005 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2006. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © Wolfgang Rattay/Reuters/Corbis.

Na dealbhan le Corbis.

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-28-0



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

beatha le  
buaidh

SEMI  
TO  
HOLLY  
KE



An teacs le Ailig O' Kenley.

## KELLY HOLMES

### Kelly Holmes

**T**ha seanfhacal Gàidhlig ann a tha ag ràdh gum faigh foighidinn furtachd. Dh'fhaodadh sin a bhith air a' sgrìobhadh airson an lùth-chleasaiche Kelly Holmes. Fad bhliadhnaichean thàinig i faisg air na prìomh dhuaisean ruith a bhuinnig. Ach a h-uile turas a thigeadh na farpaisean mòra, bha i air a gortachadh. Chùm i a' dol ged-tà agus fhuair Kelly an duais air an robh i airidh mu dheireadh thall.

Aig Geamachan Olimpaigeach na h-Àithne ann an 2004, choisinn i dà bhonn òir; aon airson rèis 800 meatair agus an dara fear airson an rèis 1500 meatair. Tha i aithnichte a-nise mar thè dhen luchd-spòrs a b' fheàrr a-riamh ann am Breatainn.

## KELLY HOLMES



© Toubig Sion/CORBIS SYGMA

KELLY HOLMES

## Teaghlach measgaichte

Bha Kelly Holmes cleachdte ri strì bho aois gu math òg. Rugadh i ann an sgìre Khent ann an 1970. B' e boireannach geal a bha na màthair, Pamela. 'S e Constantine an t-ainm a bha air a h-athair agus b' ann às na h-Ìnnseachan a bha esan. Airson mòran dhe h-òige cha robh athair Kelly mun cuairt. Dh'fheumadh a màthair Kelly a thogail leatha fhèin gus an robh i dà bhliadhna a dh'aois. An uair sin phòs Pamela a-rithist agus bha ceathrar chloinne eile aice.

Aig an àm cha robh mòran de chlann dhubh eile anns an sgìre. Bha sin a' ciallachadh gum feumadh Kelly seasamh air a casan fhèin gu math tràth na beatha. Ach bhiodh sin na chuideachadh dhith a-rithist. Bha e follaiseach gun robh spiorad làidir aice bho aois gu math òg.

KELLY HOLMES

Cha robh i airson call air rud sam bith. Fiù 's a' cluiche còmhla ri bràithrean 's ri peathraichean, dh'fheumadh i buinnig. Agus mura buinnigeadh Kelly bhiodh i uabhasach mì-thoilichte.

KELLY HOLMES

## Tàlant airson ruith

Bha e follaiseach gum feumadh Kelly an neart sin a chleachdadh ann an dòigh eile. Bha ùidh mhòr aice ann an spòrs agus gu sònraichte ruith. Aon latha thug a màthair sìos i chun a' chluba ruith ionadail. Cha robh fios aice air aig an àm, ach b' e seo a' chiad cheum air an t-slighe gu bhith na lùth-chleasaiche. Choinnich i ris a' choidse Daibhidh Arnold agus thug esan buaidh mhòr oirre. Fiù 's chun an latha an-diugh, tha Kelly faisg air Arnold.

Chunnaic Arnold sa bhad gun robh tàlant mòr aig Kelly. Bha i luath agus a cheart cho cudromach, cha robh i airson call air chor sam bith. Cha robh fada gus an robh i a' buinnig dhuaisean air feadh na dùthcha. Agus air taobh a-staigh dà bhliadhna bha Kelly air duais sgoiltean Shasainn a ghleidheadh

8

KELLY HOLMES

airson 1500 meatair. Bha saoghal mòr an spòrs a' feitheamh rithe, ach an uair sin ghabh Kelly ceum annasach.



© Sean Aidan; Eye Ubiquitous/CORBIS

KELLY

HOLMES



Can @ender turn Can

© Jerry Lampen/Reuters/CORBIS

## KELLY HOLMES

### Bliadhnaichean san Arm

**A**ig aois ochd bliadhna deug chaidh Kelly a-steach dhan arm. Chuir seo iongnadh air mòran. Bha dùil aca gum biodh i airson ruith làn-ùine. Ach aig an àm cha robh mòran taic airgid ann airson luchd-spòrs. Luath agus gun robh i, bha Kelly dhen bheachd gum feumadh i airgead a chosnadh.

Bha obair inntinneach aice san arm an toiseach. Bha i a' draibheadh làraidhean anns an robh ceithir tunnaichean de chuideam! Ach bha ùidh aig Kelly fhathast ann an spòrs. Dh'ionnsaich i obair neach-teagaisg foghlaim chorpiorra. Ghlèidh i duais diùdo an airm cuideachd. Bhon a bha i cho luath bhiodh Kelly a' rèis an aghaidh nam fear seach na boireannaich eile. Aon latha ruith i trì rèisean agus bhuinnig i iad uile.

## KELLY HOLMES



© O. Prevosto/CORBIS SYGMA

## A' tilleadh air ais gu ruith

**B**ha Kelly uabhasach toilichte san arm, ach bha pàirt dhith airson tilleadh gu ruith. Ann an 1992, chunnaic i caraid dhith a' ruith aig Geamachan Olimpaigeach Bharsalòna. Bhiodh Kelly a' ruith an aghaidh Lisa York nuair a bha i na b' òige. B' e seo a thug air Kelly feuchainn a-rithist.

An toiseach chaidh cùisean gu math dhith. Bhuinnig i na duaisean Breatannach airson 800 agus 1500 meatair. Bha dùil aig a h-uile duine gun dèanadh i math aig Geamachan Olimpaigeach Atlanta ann an 1996, ach san rèis 800 meatair chrìochnaich i sa cheathramh àite. Gun fhios do mhòran ged-tà, bha Kelly a' ruith le cnàmh briste na cois. Is ann a bha e annasach gun deach aice air coiseachd gun ghuth air ruith.

Ceithir bliadhna às dèidh sin rinn Kelly beagan na b' fheàrr aig Geamachan Shidnìdh. Chrìochnaich i san treas àite an trup seo, ach a-rithist cha robh i slàn fallain. Cha deach aice ach air beagan trèanaidh a dhèanamh ro-làimh air sàilleabh bhìoras.

## KELLY HOLMES

### Trèanadh ùr ann an Afraga

**L**e trioblaidean mar seo, bhiodh mòran eile air stad a' ruith. Ach chùm Kelly oirre agus rinn i co-dhùnadh cudromach eile ann an 2002. Ghluais i air falbh bho Bhreatainn airson trèanadh fhaighinn ann an Afraga a Deas. Seo far an robh a caraaid Maria Mutola a' fuireach. B' e lùth-chleasaiche ainmeil a bha ann a Mutola cuideachd. Bha coidse mhath aice, boireannach Ameireaganach, Margo Jennings.

Rinn seo diofar mòr dha Kelly. Bha i a' faireachdainn gu math na bu làidire. Theab i an gnothach a dhèanamh air Mutola ann am Paris ann an 2003. Bha bliadhna eile gu Geamachan na h-Àithne, ach bhiodh Kelly 34 bliadhna a dh'aois an uair sin. Bhiodh sin ro shean airson bonn òir a ghleidheadh, nach biodh?

## KELLY HOLMES



© Toby Melville/Reuters/CORBIS

## Òir sa Ghrèig

**A**-rithist bha a caraid Mutola a' feitheamh oirre anns a' chuairt dheireannach sa Ghrèig. Ach an turas seo bha Kelly aig sàr ìre fallaineachd agus chaidh aice air an rèis 800 meatair a ghleidheadh. Mu dheireadh thall bha i air am bonn òir a bhuinnig.

Sia lathaichean às dèidh sin, bha i sa chuairt dheireannach airson an rèis 1500 meatair. Cha robh dùil aig mòran gun gleidheadh Kelly bonn òir eile. Nuair a dh'fhalbh an glag airson a' chearcall mu dheireadh, bha i san ochdamh àite. Ach ruith Kelly cho math 's a rinn i riamh agus chaidh i seachad air an loidhne sa chiad àite. Is gann gum b' urrainn dhith a chreidsinn gun robh i air buinnig uair eile. Às dèidh dusan bliadhna a' strì bha i a' tilleadh dhachaigh, chan ann le aon bhonn òir ach a dhà.

Bha 40,000 neach a' cur fàilte air Kelly nuair a thill i dhachaigh. Rinn a' Bhànrigh Dame dhith agus thog i duais Pearsa Spòrs a' BhBC. Airson Kelly Holmes, chan eil teagamh nach eil foighidinn air furtachd a chosnadh dhith.

